



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Matamataig - Fuasgladh Dhuilgheadasan

Ceist 1

Tha 129 de Bhuill ann. Mas e gun bhòt 56 de na Buill 'seadh', agus gun seachain 3 dhiubh, cia mheud a bhòtas 'chan eadh'? (Cuimhnich nach bi an t-Oifigear Riaghlaidh a' bhòtadh ach a-mhàin ma tha na h-àireamh bhòtaichean 'seadh' is 'chan eadh' co-ionnan).




Ceist 2

Tha 108 oifisean airson nam Ball ann an togalach nam Ball. Cia mheud Ball aig a bheil oifisean àiteigin eile ann an togalaichean na Pàrlamaid?

Ceist 3

Chan fhaod an t-Oifigear Riaghlaidh bhòtadh ach a-mhàin nuair a bhios àireamh nam bhòtaichean 'seadh' is 'chan eadh' co-ionnan. Mas e gun bhòt 54 de Bhuill 'seadh' agus gun seachain 8, cia mheud a dh'fheumas bhòtadh 'chan eadh' gus toirt air an Oifigear Riaghlaidh bhòtadh?



Ceist 4

Tha na 129 Buill air fad ann an Lobaidh a' Ghàrraidh. Tha trian a' fàgail a dhol don t-Seòmar-dheasbaid. Cia mheud a tha air am fàgail ann an Lobaidh a' Ghàrraidh?

Ceist 5

Aig taghadh 2011, chaidh 45 boireannaich a thaghadh mar Bhuill. Cia mheud Ball a tha nam fireannaich?




The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Matamataig - Fuasgladh Dhuilgheadasan

Ceist6

Ghlèidh SNP 69 a-mach às na 129 suidheachain aig taghadh 2011. Sgrìobh seo mar bhloigh. Dèan e cho ìseal agus as urrainn dhut.



Ceist7

Bidh am Ball airson Obar Dheathain a' siubhal air an trèana don Phàrlamaid ann an Dùn Èideann. Bidh e glacadh trèana aig 09:52 agus bidh an turas a' toirt dà uair a thìde agus trìthead 's a trì mionaidean. Cuine ruigeas e Dùn Èideann?

Ceist8

Tha 5 luchd-taghaidh a' sgrìobhadh litir an urra do na 8 Buill aca. Cia mheud stampa a bhios a dhìth orra uile-gu-lèir?

Ceist9

Bidh Ball a' faighinn 100 post-dealain gach latha. Cia mheud post-dealain a gheibh Ball gach bliadhna?



Ceist10

Tha 272 de sholais anns an t-seòmar. Nam b' e gun robh 25% dhiubh nach robh ag obair, cia mheud solas a bhiodh air?





The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Matamataig - Fuasgladh Dhuilgheadasan



Ceist 11

Thòisich deasbad aig 14.35. Fhuair gach Ball 6 mionaidean airson bruidhinn. Nam b' e gun robh 8 luchd-labhairt ann, cuin a thàinig an deasbad gu crìch?

Ceist 12

Bha 128 de Bhuill anns an t-seòmar aig àm co-dhùnaidh. Bhòt 50% 'seadh', 25% 'chan eadh'. Cia mheud a sheachain?

Ceist 13

Tha deasbad a' tòiseachadh aig 14:00. Bidh a' chiad 6 den luchd-labhairt a' bruidhinn fad 6 mionaidean an urra. Bidh an ath 6 a' bruidhinn fad 3 mionaidean an urra. Cuin a bhios an deasbad a' tighinn gu crìch?

Ceist 14

Tha coinneamh aig BPA sa Phàrlamaid aig 10:00. Tha i a' siubhal air a' bhus don Phàrlamaid agus bidh an turas a' toirt 50 mionaid. Tha cuairt 15 mionaidean aice an uair sin bho stèisean nam busaichean don Phàrlamaid. Tha e a' toirt còig mionaidean an uair sin seòmar na coinneimh san togalach a ruighinn. Tha trì amannan-bus ann - 8:20, 8:50 and 9:20. Cò am fear a bheir i ann an àm airson na coinneimh aice?

